

*Cluinnidh sibh prògram a tha ga chraoladh air Radio nan Gàidheal.*

## Pàirt 1

Madainn mhath agus fàilte gu Spòrs na Seachdain le Raibeart MacDhonnchaidh. An-diugh gheibh sinn a-mach mu chuid de na naidheachdan spòrs as motha a tha a' dol an-dràsta. Abair gu bheil an saoghal spòrs uabhasach trang air an deireadh-sheachdain seo!

Tòisichidh sinn le ball-coise nam ban. Chluich sgioba nàiseanta ball-coise nam ban an aghaidh na h-Eadailt anns an Ròimh feasgar an-dè. Cha deach gu math dha na h-Albannaich a chaill tadhal anns a' chiad mhionaid den gheama. Bhuannaich na h-Eadailtich dhà gu neoni aig a' cheann thall. Thig an Eadailt a Ghlaschu an-ath-sheachdain airson geama a dhearbhas cò dhiubh a thèid troimhe dhan athchuart de Cho-fharpais na RoinnEòrpa.

## Pàirt 2

Chaidh a' chiad chuart de Cho-fharpais Fhosgailte Teanas na Frainge a chrìochnachadh a-raoir. Fhuair prìomh chluicheadairean an t-saoghail troimhe dhan athchuart. Tha dùil ri droch shìde ann am Paris a-màireach 's tha e coltach gun tèid bacadh a chur air an dàrna cuairt.

Thèid cuairt dheireannach Cupa na Camanachd a chluich ann an Glaschu an-diugh. Tòisichidh an geama eadar Caolas Bhòid agus Baile Ùr an t-Slèibh aig dà uair feasgar. Thathar an dùil gum bi co-fharpais theann ann oir tha an dà sgioba air a bhith co-ionnan trì tursan mu thràth am-bliadhna. Chithear an geama beò air BBC Alba.

## Pàirt 3

Tòisichidh an rèis mhòr bhaidhsagalan, an Tour de France, ann an Sasainn a-màireach. Bidh dà phàirt den rèis air a chumail ann an Sasainn mus gluais a' cho-fharpais dhan Fhraing fhèin. Tha dùil gum bi faisg air dà cheud mìle de luchd-amhairc ri taobh slighe na rèise a-màireach 's i a' crìochnachadh ann an Lunnainn. Chan fheum luchd-amhairc tiogaidean a cheannach ach thathar a' toirt rabhadh dhaibh gum bi e doirbh dhaibh àite a lorg ri taobh na slighe mura tig iad ann tràth.

Thèid leth-mharathon Loch Nis a chumail a-màireach. Tha sìde bhlàth air a gealltainn agus tha luchd-stiùiridh na rèise an dòchas gum bi àireamh mòr de ruitheadairean a' gabhail pàirt. Bheir an rèis buaidh air siubhal san sgìre. Bidh rathaidean faisg air Loch Nis dùinte eadar meadhan-latha agus trì uairean feasgar.